


Leuman agus an long-bhriste



An teacsa Monica Hughes
Dealbhan Robert McPhillips
A' Ghàidhlig Anna NicDhòmhnaill

STÒRLANN • ACAIR



'S e leumadair a bha ann an Leuman.

Bha e toilichte sa mhuir.

Aon là chunnaic Leuman seann long-bhriste
anns a' mhuir.



Shnàmh leuman sìos chun na luing-bhriste.
Bha tuill anns an long-bhriste.
Shnàmh Leuman a-mach agus a-steach
tro na tuill.



An uair sin chunnaic Leuman doras.
Dh'fhosgail e an doras le shròin
agus chaidh e a-steach do rum mòr.



Dè bha an sin ach ciste-ionmhais.
Chunnaic Leuman fàinneachan òir
agus grìogagan airgid anns a' chiste.



An uair sin chunnaic Leuman uinneag bheag.
“Tha mi ag iarraidh a-mach a-nis,” thuirt e.
Agus shnàmh e chun na h-uinneig.



Dh'fhosgail Leuman an uinneag le shròin.
Shnàmh e tron uinneig.




Ach an uair sin chunnaic Leuman cearban.

“Cuidich mi!” dh’èigh Leuman.

“Ithidh an cearban mi.”



Chaidh an cearban às dèidh Leumain.
Shnàmh Leuman fon long-bhriste.
Shnàmh an cearban an sin cuideachd.



Shnàmh Leuman a-mach agus a-steach
tro na tuill.
Shnàmh an cearban an sin cuideachd.



An uair sin chaidh Leuman dhan rum mhòr
agus shnàmh e chun na h-uinneig.
Shnàmh an ceardan an sin cuideachd.



Shnàmh Leuman tron uinneig bhig.

Dh'fheuch an cearban ri snàmh tron uinneig
ach bha e ro mhòr.



“Ha! Ha! Ha!” thuir Leuman.

“Cha ghlac thu mi a-nis.”

Agus shnàmh e a-mach gu muir.